

Comhairle Siorrachd Àir a Deas


Plana Gàidhlig 2026-2031

Eàrr-ràdh 2



Eàrr-ràdh 2 – Dualchas Gàidhlig

Chithear fianais làidir air a' Ghàidhlig ann an iomadh ainm-àite ann an Siorrachd Àir a Deas, ged a tha iad air atharrachadh bho na freumhan Gàidhlig aca, agus iad tric a' nochdadh cumadh-tìre na ceàrnaidh. M.e. Auchencruive (Achadh nan Craobh), Kincaidston (Baile Cinn Cadha- tha cadha a' ciallachadh bealach), Minshant (Am Meuna Sheunta- tha meuna a' ciallachadh dlùth-phreas), Dunure (Dùn Iobhair- tha iobhair a' ciallachadh iubhar) agus chan e sin ach corra ainm. Tha am mapa air an taobh dheas a' sealltainn ainmean-àite Gàidhlig san sgìre.



Ann an dual-chainnt na sgìre, tha faclan ann fhathast aig a bheil freumhan Gàidhlig, agus seo dhuibh dà eisimpleir:

“Sheuch”- dìg ri taobh an rathaid ([siuchan](#) /fuxan/

fir. gin. iol. -ain

1 trainse bheag, dìg drèanaidh (sheuch) 2 sruthan

Agus “Smurr”- sileadh mìn pùdarach ([smùr mòna](#))

(Eadar-mhìneachaidhean air an toirt à Faclair Dwelly)


Ann an 1891, chaidh a chlàradh gun robh sa chumantas 5-10% de luchd na Gàidhlig a' fuireach air Ghalltachd agus an ear-thuath na dùthcha. (**Ann an cuid a sgìrean, bha an ceudad cho àrd ri 25-75%; leithid Inbhir Àir, an t-Seanchair, Inbhir Gharbhain, Baile na Tràighe, na Pùballan, pàirtean de roinn Dhùn Èideann, Moffat agus Selkirk; agus fileantachd sa Ghàidhlig aig 75-80% aig a' char as lugha ann an cuid dhiubh.**)

Alba sna 1400an-1500an

Tha an dà mhapa seo a' sealltainn tuairmse den sgaradh chànanach (chan ann cinnidheach) ann an Alba rè nan 1400an agus an uair sin rè nan 1500an. Tha an gorm a' riochdachadh Gàidhlig. Tha am buidhe a' riochdachadh Albais. Tha an orains a' riochdachadh Nòrnais. Chan eil am mapa, ge-tà, a' riochdachadh an luchd-bruidhinn dà-chànanach aig an robh comas còmhraidh san dà chànan. Ach tha e a' cuideachadh le bhith a' sealltainn mar a bha an cànan ga bruidhinn ann an tòrr de Ghall-Ghàidhealaibh agus an sgìre mhòr Siorrachd Obar Dheathain. Tha seo ag innse dhomh gun do roghnaich na Goill Beurla Shasainn ionnsachadh gus an dèanadh iad malairt gu h-èifeachdadh le daoine air taobh a deas na crìche.

Tha e a' sealltainn cuideachd gun robh Gàidhlig ga bruidhinn ann an Carraig/Gall-Ghàidhealaibh.

<https://nuairathigairduinethigairuile.wordpress.com/2017/02/27/scottish-gaelic-gaelic-scotland/>



- 'S e as dòcha gun robh Gàidhlig aig Raibeart Brus, a rugadh ann an Dùn Dòmhnail le màthair de shliochd nan Gàidheal agus a thogadh ann an Carraig, a bha an uair sin na sgìre Ghàidhealach/Ghall-Ghàidhealach (dual-chainnt Ghàidhlig a tha a-nis air chall).
- Bhiodh Raibeart Burns eòlach air a' Ghàidhlig, gu h-àraidh nuair a bha e a' tionail òrain (cuid dhiubh an ìre mhath mar eadar-theangachaidhean aig a bheil 'spiorad' òrain Ghàidhlig – tha freumhan Ghàidhlig ann am fonn an òrain 'Ae Fond Kiss') airson an Scots Musical Museum aige. San dàn aige 'The Twa Dugs', 's e ainm aon de na coin Luath, agus san dàn aige 'The Vision' tha e a' cleachdadh "Duan" airson roinn an òrain.
- Mar phàirt de oirthir an iar, ràinig Gaeilge na h-Èireann Siorrachd Àir tro Ghall-Ghàidhealaibh (Gall=coigreach; tha an dàrna pàirt sa Bheurla a' buntainn don Ghàidhlig airson àite). Mar thoradh air malairt, bha imreachd a' tachairt feadh nan cladaichean, le Gàidheil à Èirinn a' tuineachadh ann an ceann a deas Siorrachd Àir a Deas aig toiseach na 5mh/6mh linn maille ris na naoimh Chrìostail Èireannach.
- Bha Carraig/Inbhir Gharbhain agus an sgìre taobh a deas orra daingeann mar sgìrean Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas a chionn 's gun robh iad na b' iomallaiche agus nach robh uiread de bhuidh na Beurla orra. B' e seo an sgìre mu dheireadh ann an Siorrachd Àir san robh Gàidhlig dhùthchasach ga bruidhinn ann. Carraig agus Gall-Ghàidhealaibh: Bha Gàidhlig ga bruidhinn ann an sgìrean a deas Siorrachd Àir, gu h-àraidh ann an Carraig, agus sa cheàrnaidh de Ghall-Ghàidhealaibh as fhaisge air sin gus anmoch sna 1700an no tràth sna 1800an. Na fileantaich mu dheireadh: Tha grunn chunntasan ag ràdh gun do bhàsaich am fileantach mu dheireadh ann an Carraig mu 1760, ged a bha luchd-còmhnaidh nas sine fhathast aig an robh Gàidhlig ann an ceàrnaidhean leithid am Bàrr agus Baile an Tràighe gu ruige toiseach na 19mh linn. Tha naidheachdan ann gun robh beagan Gàidhlig ga bruidhinn bho àm gu àm ann an dual-chainnt coimhearsnachd nan tuathanach gu ruige deireadh na 19mh linn.
- Buaidh nan Rìghrean agus nan Cinnidhean: Gu h-eachdraidheil, bha na Ceanadaich, aon de na cinnidhean as sine ann an Siorrachd Àir, a' bruidhinn na Gàidhlig. B' i a' Ghàidhlig cuideachd cànan nan rìghrean Albannach a bhiodh a' tathaich làraichean leithid Caisteal Dhùn Dòmhnail.

